



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®

CUAIRT-LITIR

Tha am Mòd a' teannadh Dlùth!

Leis nas lugha na sia seachdainean ri dhol mus tòisich prìomh fhèis na Gàidhlig, tha baile Ghlaschu ag ullachadh gus fàilte mhòr chridheil a chur air farpaisich, teaghlaichean agus luchd-tadhail bho air feadh na h-Alba agus nas fhaide air falbh – tha sinn a' coimhead air adhart ris gu mòr!

Tha sinn air ar dòigh innse gu bheil sinn air an àireamh iarrtasan as àirde a-riamh fhaighinn airson farpaisean na bliadhna seo. Chaidh còrr air 2,100 iarrtas a chlàradh o fharpaisich ann an roinnean a leithid seinn aon-neach, seinn càraid, seinn ceathrar, còisirean, ionnsramaidean; fidheall, bogsa-ciùil, piàna, a' phìob mhòr agus còmhla-in-ciùil, dràma, bàrdachd, sgeulachdan is ealain.

Tha sinn air a bhith trang a' fastadh tallaichean a bharrachd agus ag ullachadh clàr na farpaisean a-rèir feumalachdan nan iarrtasan; gu h-àraidh mu choinneimh an ùidh mhòr ann a farpaisean cloinne sna fileantaich agus tha seo air leth misneachail dhan chànan.

Gheibhear tiocaidean airson farpaisean agus tachartasan iomall a' Mhòid **an seo**:

Cumaibh sùil air na meadhanan sòisealta agus air an làrach-lìn againn airson naidheachdan sam bith co-cheangailte ri tachartasan na bliadhna seo. Bidh Prògram a' Mhòid agus Prògram Iomall a' Mhòid ri fhaotainn a dh' aithghearr!

Countdown to the Mòd!

With less than 6 weeks to go until this year's premier Gaelic festival kicks off, the city of Glasgow is getting ready to welcome competitors, families and Mòd goers from across Scotland and beyond to the city – and we cannot wait to see you all there!

We are delighted to share that we have received a record number of competition entries this year. More than 2,100 entries have been received from competitors in solo, duet and quartet singing, choirs, traditional instruments including fiddle, accordion, piano and bagpipes, bands, drama, poetry, storytelling and art.

We have been busy scheduling and increasing venue capacities to accommodate the record-breaking interest, particularly for competitions for junior fluent Gaelic-speakers, signalling a positive outlook for the language.

Tickets for Mòd premier events and Fringe events are **available to buy here**:



EISTEDFOD NÀISEANTA 2026 - LE ALISON DHÒMHNALLACH

Bha e na thoileachas dhomh a bhith an làthair aig Eisteddfod Nàiseanta na Cuimrigh às leth A' Chomuinn Ghàidhealaich am-bliadhna. Coltach ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, bidh an Eisteddfod a' gluasad bho àite gu àite gach bliadhna; am-bliadhna, chaidh a chumail ann an Llantwtd (Lantood), ann an ceann a tuath Sir Benfro. Bha an fhèis a' comharrachadh an 850mh bliadhna aice ann an stoidhle, le prògram làn thachartasan a' gabhail àite air feadh làrach na fèise, ris an canar "am Maes".

Ghabh sinn ùine airson blasad fhaighinn deth na bha ri fhaicinn, an dà chuid a-muigh ann an iomadh teanta bheag agus stàile, agus a-staigh anns an teanta mhòr ris an canar am Pàillean. B' ann anns a' Phàillean a chaidh a' mhòr-chuid de na co-fharpaisean as motha agus na tachartasan cudromach a chumail. Mar riochdairean a bha a' riochdachadh na h-Alba agus na Gàidhlig, chaidh cuireadh a thoirt dhuinn pàirt a ghabhail ann an trì tachartasan thairis air ar turas: tachartas Ainmeachaidh; tachartas Crùnadh a' Bhàird; agus tachartas airson Prìomh Sgrìobhadair Pròis. B' e seo a' chiad uair a b' urrainn do riochdairean Èireannach agus Albannach a dhol còmhla ris a' Ghorsedd, agus chaidh sash gorm àlainn a thoirt dhuinn a bha a' ciallachadh gun robh cead againn suidhe còmhla ris na buill.

B' e aon de na rudan a mhothaich mi, 's e cho domhainn 's a tha an Eisteddfod freumhaichte ann an dualchas agus ann an traidisean, bho na trusganan coltach ri trusganan nan Draoidhean a bhios air an cleachdadh aig na tachartasan foirmeil, gu na diofar dhleastanasan agus uallaichean oifigeil. Ghabh buill an luchd-èisteachd pàirt le moit. Bha e tiamhaidh a bhith a' cluinntinn buill na Gorsedd uile – feumaidh gun robh mu 250 dhiubh air an àrd-ùrlar – a' seinn òran nàiseanta na Cuimrigh, 's iad cho pròiseil, ann an Cuimris còmhla ris an luchd-èisteachd gu lèir. A bharrachd air a bhith a' sealltainn spèis do dhualchas, bha e follaiseach gu bheil a' Chuimris gu mòr na cànan ùr-nodha a tha air a cleachdadh gu farsaing ann an suidheachaidhean sòisealta san latha an-diugh.

Bha measgachadh de thachartasan air leth ann, agus bha e na adhbhar misneachd faicinn an uimhir de luchd-ciùil agus còmhlain Cuimris fhaicinn a' seinn òrain ùra ann an Cuimris thar iomadh gnè ciùil.

B' e an rud a thug a' bhuaidh as motha orm an misneachd a bh' aig a h-uile duine a bha an làthair nan cànan agus nan cultar fhèin. Is gann gun cuala sinn facal Beurla, agus cha robh feum air idir an cànan atharrachadh. Dh'fhàg mi an fhèis a' miannachadh gum b' urrainn dhomh Cuimris a bhruidhinn gus a bhith mar phàirt den t-sluagh!

Bha an aon fhaireachdainn aig mòran de na riochdairean eile nach robh a' bruidhinn Cuimris, agus bha iad làn mheas air an dòigh neo-leisgeulach anns an deach bogadh sa Chuimris a chur an gnìomh aig an fhèis. Bha e math a bhith ann an companaidh dhaoine eile aig a bheil an aon bheachd air cànanan beaga, agus dh'fhàg sinn às dèidh dhuinn deagh cheanglaichean a dhèanamh le ar co-Cheiltich. Tha mi a' coimhead air adhart ri fàilte a chur air riochdairean Cuimreach agus Èireannach chun a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair, gus am faigh iad eòlas air a h-uile càil a th' againn ri thabhann ann an Glaschu. Le taghadh mòr de thachartasan iomail agus co-fharpaisean a tha a' taisbeanadh a' chuid as fheàrr de chultar na Gàidhlig, tha mi an dòchas gum fàg iad a' faireachdainn cho dòchasach agus cho misneachail mun àm ri teachd mun chànan againn 's a bha mise nuair a dh'fhàg mi a' Chuimrigh.

NATIONAL EISTEDDFOD 2026 - BY ALISON MACDONALD

It was a pleasure to attend the National Eisteddfod of Wales on behalf of An Comunn Gàidhealach this year. Like the Royal National Mòd, the Eisteddfod moves location each year; this year, it took place in Llantwd (Lantodd), North Pembrokeshire. The festival celebrated its 850th year in style, with a jam-packed programme of events taking place across the festival site, known as “the Maes”.

We took time to sample a range of what was on offer, both outside in the many small tents and stalls and inside the large marquee known as the Pavilion. It was in the Pavilion that most of the bigger competitions and important ceremonies took place.

As delegates representing Scotland and the Gaelic language, we were invited to take part in three ceremonies during our visit: The Naming Ceremony; The Crowning of the Bard Ceremony; and The Chief Prose Writer Ceremony. This was the first time that Irish and Scottish delegates were able to join the Gorsedd and we were given a beautiful blue sash which allowed us to sit with its members. What struck me was how rooted the Eisteddfod is in tradition, from the Druid-like robes worn in the formal ceremonies, to the many official roles and duties. Audience members joined in with pride, fully embracing the traditions surrounding the ceremonies. It was emotional hearing all the members of the Gorsedd – there must have been around 250 on stage – proudly belting out the Welsh National Anthem in Welsh alongside a full audience.

As well as proudly nodding to tradition and ritual, it was clear that Welsh is very much a modern language used widely in today’s society. The range of events was really impressive, and it was encouraging to see so many Welsh-speaking musicians and bands singing new songs in Welsh across a range of genres.

What struck me most was the confidence in the Welsh language and culture held by all in attendance. We seldom heard a word of English, and it seemed there was no need to switch languages. Even the many, many food vendors all had Welsh signage, Welsh menus and Welsh-speaking staff. I left feeling that I wished I could speak Welsh to fit in!

This was a feeling shared by many of our fellow non-Welsh-speaking delegates, who admired the unapologetic approach to Welsh immersion at the festival. It was great to be in the company of other like-minded minority language speakers, and we left having made great connections with our fellow Celts. I look forward to welcoming Welsh and Irish delegates to the Royal National Mòd in October so that they can experience all that we have to offer in Glasgow. I hope they leave feeling as upbeat and optimistic about the future of minority languages as I did when I left Wales.



CÙINE & CÀITE?

The Mòd takes place from 9–17 October, with competitions and events being held across Glasgow City Centre. The main Mòd ‘hub’ will be in the Glasgow Royal Concert Hall, with other competitions and events taking place at venues including The City of Glasgow College, The National Piping Centre, The Glee Club, The Social Hub, Òran Mòr and Glasgow Green.

Keep an eye on our website and social media for the Official Mòd Ghlaschu 2026 Programme, which will include competition times and venues, competitor lists and prize information.

WHEN & WHERE?

Thèid Mòd na bliadhna seo a chumail eadar 9–17 Dàmhair, le farpaisean agus tachartasan a’ gabhail àite air feadh a’ bhaile. ‘S e Talla Chonsairt Rìoghail Ghlaschu am prìomh talla a bhios againn, agus thèid tachartasan agus farpaisean a chumail ann an diofar thallaichean eile air feadh a’ bhaile cuideachd.

Cumaibh sùil air an làrach lìn agus na meadhanan sòisealta againn airson fios mu Prògram Oifigeil a’ Mhòid, far am faighear fios mu uairean nam farpaisean, liosta farpaisich, duaisean agus mòran eile.

AN TALLA CÈILIDH

Le ceòl traidiseanta is craolaidhean o Radio nan Gàidheal air feadh na seachdain, ‘s e An Talla Cèilidh an t-àite as fheàrr gus caraidean a choinneachadh, èisteachd ri ceòl eadar farpaisean agus tu air do chuairteachadh le àrainneachd a’ Mhòid.

Ged a bhiodh tu ag iarraidh hòro-gheallaidh, àite coinnichidh no fiù ‘s àite far an cuir thu seachad uair a thìde, bidh An Talla Cèilidh aig teis-meadhan Mòd Ghlaschu fad na seachdain.

AN TALLA CÈILIDH

12th – 16th October
Exhibition Hall, Glasgow Royal Concert Hall

With live traditional music and broadcasts from Radio nan Gàidheal throughout the week, An Talla Cèilidh is the perfect place to meet friends, enjoy a tune between competitions and experience the unique atmosphere of the festival.

Whether you’re looking for a hòro-gheallaidh, a chance to catch up with familiar faces or simply somewhere to spend an hour, An Talla Cèilidh is at the heart of Mòd Ghlaschu all week long.



COMATAIDH IONADAIL A' MHÒID

Tha Comataidh Ionadail Ghlaschu air a bhith ag obair cruaidh thairis air an dà bhliadhna a chaidh seachad, gus dèanamh cinnteach gum bi tachartas air leth againn am bliadhna!

Tadhail air an làrach-lìn aca agus lean iad air na meadhanan sòisealta gus cumail suas ris na tha a' tachairt gu h-ionadail anns na seachdainean a tha romhainn.

THIG AIR BÒRD!

Tha Mòd Ghlaschu a' sireadh luchd-taic gus cuideachadh a thoirt aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu.

Ma tha uairean a thìde neo làithean-saora agaibh, bhiodh obair luchd-taic na sàr dhòigh a bhith an sàs ann an comharrachadh as motha ann an Alba de cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig. Chan fheum sibh air a bhith air an obair seo a dhèanamh roimhe.

Ma tha sibh airson cuideachadh aig Mòd na bliadhna sa, cuiribh fios thugainn le bhith a' lìonadh [an t-suirbhidh seo](#).

MÒD LOCAL ORGANISING COMMITTEE

The Local Committee have been working tirelessly over the last couple of years, ensuring that this year's event will be one of the best yet!

Visit their website and follow them on social media to keep up with what's going on locally in the run-up to the Mòd.

www.modghlaschu2026.org

JOIN THE GLASGOW LOC TEAM!

Mòd Ghlaschu is looking for volunteers to help support the running of the Royal National Mòd in Glasgow from 9–17 October.

Whether you can spare a few hours or several days, volunteering is a fantastic way to be part of Scotland's biggest celebration of Gaelic language, music and culture. No previous experience is necessary.

If you'd like to get involved and help make this year's Mòd a success, we'd love to hear from you by filling in [this survey](#)!





**MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD**

Baile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland



2026
9-17 October




FARPAIS-CHEIST | QUIZ NIGHT

BÀR A' PHÀIRC, GLASCHU | THE PARK BAR, GLASGOW
SRÀID EARRA-GHÀIDHEAL | ARGYLE STREET

A' TOGAIL AIRGID AIRSON MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL GHLASCHU
FUNDRAISING FOR GLASGOW ROYAL NATIONAL MÒD

£5 GACH NEACH, GABHAIDH SGIÒBAIDHEAN A CHUR AIR DÒIGH AIR AN OIDHCHE
£5 PER PERSON, TEAMS CAN BE ALLOCATED ON THE NIGHT

DUAISEAN BHON' PHÀRC BÀR | PRIZES DONATED BY THE PARK BAR



DIARDAOIN 17^{MH} SULTAIN
THURSDAY 17TH SEPTEMBER

6.30F | 6.30PM



40 BLIADHNA DE FMG ANN AN GLASCHU

Cuidichibh sinn a' comharrachadh 40 bliadhna de dh' Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu.

Cuiribh ur dealbhan, èideadh-sgoile, leabhraichean agus cuimhneachain thugainn le bhith a' cur fios thugainn aig fios@modghlaschu2026.org.

40 YEARS OF GME IN GLASGOW

Help us celebrate 40 years of Gaelic Medium Education in Glasgow.

We are looking for photos, books, uniforms and memories from over the years to help us build the picture to celebrate this anniversary.

Contact us via email at fios@modghlaschu2026.org.



40 BLIADHNA
DE DH'FHOGHLAM
TRO MHEADHAN
NA GÀIDHLIG
ANN AN GLASCHU

CUIDICHIBH SINN GUS
AN DEALBH A CHOILEANADH

THA SINN A' SIREADH...

- DEALBHAN
- LEABHRAICHEAN
- CUPAICHEAN
- ÈIDEADH-SGOILE
- BATHAR
- LITRICHEAN
- TEISTEANASAN

CUIR FIOS GU: FIOS@MODGHLASCHU2026.ORG

DEALBHAN SAM
BITH BHO NA
BLIADHNATICEAN
A DH'FHALBH

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

MÒD GHLASCHU



40 YEARS
OF GAELIC MEDIUM
EDUCATION IN GLASGOW

HELP US COMPLETE THE PICTURE

WE ARE LOOKING FOR...

- PHOTOS
- BOOKS
- TROPHIES
- UNIFORMS
- MERCHANDISE
- LETTERS
- CERTIFICATES

CONTACT: FIOS@MODGHLASCHU2026.ORG

UPLOAD ANY PHOTOS FROM YEARS GONE BY

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

MÒD GHLASCHU

AN DROCHAD

Bidh Comuinn a' Bhaile a tighinn còmhla airson a' chiad uair agus a' taisbeanadh gach eilean is dùthcha le na tàlantan iongantach bho gach àite.



AN DROCHAD

An Drochaid will recreate, on stage, the meeting of many a Highlander and Islander under the Hielan' Man's Umbrella!

The Glasgow Island Associations come together for one night only to showcase the talent that exists across the Highlands and Islands.

Don't miss it!

Tickets available [here](#).

AR CÀNAN'S AR CEÒL

Cuirm a' comharrachadh dà fhichead bliadhna bho thòisich an iomairt Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu bho fhosgladh aonad Sgoil Sir John Maxwell chun an latha an-diugh.

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/ar-cnan-s-ar-cel>



AR CÀNAN'S AR CEÒL

Celebrating 4 decades of Gaelic Medium Education in Glasgow, this evening will take concertgoers on a nostalgic journey from the early days of Sir John Maxwell School to today.

The journey will be illustrated visually and accompanied by a score provided by an orchestra of past and present pupils. This is sure to be an evening igniting all emotions.

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/ar-cnan-s-ar-cel>

CÈILIDH NA CÒRMACKS

Thig a chèilidh còmhla ri aon de na teaghaichean as ainmeile ann an saoghal na Gàidhlig an-diugh.

Oidhche làn ceòl, òrain, fealla-dhà agus deagh shunnd còmhla ris na Cormacks agus an caraidean!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/cilidh-le-na-cormacks>

CÈILIDH NA CÒRMACKS

Enjoy an evening in the company of one of Gaeldom's best-known and much-loved musical families.

Join the Cormacks and their friends for an evening filled with music, song, laughter and good company.

An unmissable night of Gaelic music and entertainment awaits!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/cilidh-le-na-cormacks>



SGAOIL FIOS MUN MHÒD!

Feuch gun sgaoil sibh fiosrachadh mu tiocaidean agus Prògram a' Mhòid am measg nan teaghlaichean agus na caraidean agaibh, gu h-àraidh ma tha iad gu bhith a' tighinn chun a' Mhòd airson a' chiad uair.

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi Mòd air leth aig a h-uile duine ann an Glaschu!

Dèanaibh cinnteach gun ceannaich sibh bh' ur tiocaidean ro-làimh, bidh na tachartasan trang am bliadhna agus chan eil sinn airson 's gum bidh sibh a' feitheamh fada airson tiocaidean a cheannach aig an àm, gu h-àraidh aig na prìomh fharpaisean.

SHARE THE MÒD!

Be sure to share details of Mòd tickets and the programme with your friends and family, especially anyone attending the Mòd for the first time.

Let's make sure everyone has a fantastic experience at Mòd Ghlaschu!

We strongly recommend purchasing your tickets ahead of the Mòd to avoid queues and delays during Mòd week, particularly for premier events.

AN ROBH SIBH AIG MÒD GHLASCHU 2019?

Ma bha sibh aig Mòd Ghlaschu ann an 2019, nach lorg sibh deilbh sam bith bhon a' Mhòd sin, cuiribh air na meadhanan sòisealta agaibh iad agus dèan tag air Am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus Mòd Ghlaschu 2026!

WERE YOU AT MÒD GHLASCHU 2019?

If you were at Mòd Ghlaschu in 2019, and you have any photos from that Mòd, please share them on your social media and tag Am Mòd Nàiseanta Rìoghail and Mòd Ghlaschu 2026!





OIDHCHE BHLASAID



CEANN-LATHA ÙR

DISATHAIRNE 26TH DEN T-SULTAIN 16:00
TAIGH-ÒSTA MALDRON GHLASCHU



VISIT GLASGOW.COM

GAEL FORCE 10!

Ged a tha e duilich an aimsir Albannach a thomhas, le cinnt bidh Gàidheil againn am pailteas ann an Glaschu san Dàmhair!

Chithear luchd-ciùil Gàidhealach cliùiteach a leithid Gary Innes, Raibeart Robasdan, Eòghann MacEunraig agus mòran eile gu Mòd Ghlaschu a thoirt gu crìch. Tha Mòd Ghlaschu 2026 a' tighinn faisg, agus tha tiogaidean airson cèilidh deireannaich a' Mhòid anns na Barrowlands rin ceannachd a-nis.

Tha prògram air leth de sheinneadairean agus cluicheadairean againn dhuibh san Dàmhair. Na caillibh an cothrom!
Ceannaich na tiogaidean agaibh AN-DIUGH!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/gael-force-10>

GAEL FORCE 10!

With a 100% chance of Gaels in Glasgow this October, Scottish trad music legends Gary Innes, Ewen Henderson, Robert Robertson and a host of special guests are taking to the iconic Barrowland Ballroom for a one-off spectacular finale to Royal National Mòd 2026.

The countdown to Mòd Ghlaschu 2026 is on, and tickets for our spectacular final night at the Barrowlands are on sale now.

Don't miss an incredible line-up of artists and a night to remember this October. Get your tickets TODAY before they're gone!

<https://www.glasgowlife.org.uk/event/1/gael-force-10>





www.acairbooks.com



ACAIR, An Tosgan
54 Seaforth Road, Stornoway,
Isle of Lewis HS1 2SD
post-d: info@acairbooks.com
fòn: 01851 703020



Comhairle nan
Leabhraichean
The Gaelic Books Council

*Tha Acair a' faighinn taic
bho Bhòrd na Gàidhlig*



Bòrd na
Gàidhlig

LEABHAR ÙR

Book Launch

Donnie *Large* Dòmhnallach

Thig cuide ri Donnie *Large* Dòmhnallach agus e a' cur an leabhair ùir aige air bhog, leabhar a tha stèidhichte air bàrdachd a mhàthar, nach maireann.

Cluinnear Donnie ann an còmhradh le Magaidh Choineagan mun leabhar agus cothrom ann òran no dhà a chluinntinn cuideachd! Chì sinn ann sibh!


Join Donnie *Large* MacDonald at the launch of his new book, based on his late mother's poetry.

Donnie will be in conversation with Maggie Cunningham about his book with the opportunity to hear a couple of songs too! We'll see you there!

City of Glasgow College

Diciadain | Wednesday 14.10.2026

at - 12:00



NA DUAISEAN LITREACHAIS 2026

Tha Comhairle nan Leabhraichean air geàrr-liostaichean nan Duaisean Litreachais 2026 fhoillseachadh. Tha duaisean rim buileachadh ann an seachd roinnean airson leabhraichean a chaidh fhoillseachadh eadar 1 Cèitean 2025 agus 30 Giblean 2026, agus làmh-sgrìobhainnean nach eil fhathast ann an clò.

Am-bliadhna bidh dà dhuais fa-leth ann airson leabhraichean cloinne, a' dèanamh sgaradh eadar leabhraichean do phàistean aois 0–7, agus clann aois 8 is nas sine.

Thuir Alison Lang, Stiùiriche Comhairle nan Leabhraichean: “Aig Duaisean roimhe cha robh ach an aon roinn ann airson leabhraichean cloinne agus òigridh, ach leis an dà roinn ùra againn chan eil leabhraichean do bhèibidhean a’ farpais ri leabhraichean do dheugairean tuilleadh, agus tha seo gu sònraichte iomchaidh às dèidh bliadhna san deach barrachd leabhraichean cloinne fhoillseachadh na bha againn riamh roimhe. Bha na brìtheamhan air am brosnachadh gu mòr leis an uiread de leabhraichean cloinne a chaidh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig bho thùs, agus leis an fharsaingeachd de chuspairean a chunnaic sinn thairis air na roinnean air fad am-bliadhna. Tha sinn a’ cur meal-a-naidheachd air a h-uile sgrìobhadair agus foillsichear a tha air na geàrr-liostaichean.”

Thèid an luchd-buannachaidh ainmeachadh aig cuirm shònraichte air Dimàirt 15 Sultain 2026 aig Cottiers Theatre, Glaschu.

Gheibhear tiocaidean [an seo](#).

THE GAELIC LITERATURE AWARDS 2026

The Gaelic Books Council has announced the shortlists for the Gaelic Literature Awards 2026. Prizes are to be awarded in seven categories, for titles published between 1 May 2025 and 30 April 2026, and for unpublished manuscripts.

This year there will be two prizes for children’s books, one for books for 0–7-year-olds, and one for children and young people aged 8 and upward.

Alison Lang, Director of the Gaelic Books Council, said: “Previous editions of the Awards had just one category for children and young people, but now the books for babies and for teenagers are no longer in direct competition, and this is particularly appropriate after a year in which more children’s books than ever before have been published. The judges were greatly encouraged by the number of original Gaelic children’s books, and by the breadth of subjects across all categories this year. We congratulate all the writers and publishers on this year’s shortlists.” The winners will be announced at an evening reception on Tuesday 15 September 2026 at Cottiers Theatre, Glasgow.

Tickets are available [here](#).

You can view this year’s shortlists [here](#).

SGEUL IS SRÙBAG!

Leugh is gabh srùbag còmhla ri Comhairle nan Leabhraichean gach madainn aig a' Mhòd.

Tha an tachartas seo fosgailte do chloinn is teaghlaichean.

Bidh e air a lìbhrigeadh ann am measgachadh de Ghàidhlig is Beurla.



A STORY AND A CUPPA!

Tea, coffee and a different story every morning at the Mòd with the Gaelic Books Council.

This event is open to children and families. It will be delivered in both Gaelic and English.

9am-10am
Edward House,
199 Sauchiehall Street G2 3EX





BALLRACHD

Nuair a bhios sibh a' ceannach tiocaidean a' Mhòid, dèanaibh cinnteach gu bheil an còd ballrachd agaibh ri làimh. Chaidh an còd seo a sgaoileadh gu buill a' Chomuinn bho chionn ghoirid.

Ma tha duilgheadasan sam bith agaibh leis a' chòd, no mura d' fhuair sibh e, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk.

Bidh buill A' Chomuinn Gàidhealach a' faighinn lùghdachadh air prìs tiocaidean a' Mhòid, mar sin, mur a bheil sibh nur ball mu thràth, 's fhiach clàradh airson ballrachd ron a' Mhòid!



MEMBERSHIP

When purchasing your Mòd tickets, please make sure you have your An Comunn Gàidhealach membership discount code to hand. This was emailed to all members several weeks ago.

If you have any problems using your code, or if you did not receive it, please contact info@ancomunn.co.uk.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a significant discount on Mòd ticket prices, so if you are not already a member, it is well worth joining ahead of the Mòd!

To become a member of An Comunn Gàidhealach, please click [here](#).



AR N-ÒRAN DO GHLASCHU

Chaidh dreach Gàidhlig a chuir air òran molaiddh Ghlaschu air thòiseach air A' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh dhan bhaile as t-fhoghar.

Thug Ar n-Òran do Ghlaschu guthan Norrie Tago MacIomhair agus Còisir Sgoiltean Gàidhlig Ghlaschu, anns a bheil sgoilearan bho na ceithir bun-sgoiltean sa bhaile, còmhla.

Chaidh an òran a sgrìobhadh sa Bheurla an toiseach le Jamie Caimbeul bhon chòmhlan Ghlaschu Dignity Row is bhuannaich e farpais Glaschu Beò ann an co-bhanntachd le Go Radio mar òran a' comharrachadh spiorad a' bhaile is chaidh a chleachdadh leis a' charthannas ann an sanasan bhon uair sin.

Air thoiseach air am Mòd a' tighinn a Ghlaschu, dh'obraich Jamie còmhla ris a cheòladair, sgrìobhadair is craoladair Màiri Anna NicUalraig gus am moladh do Ghlaschu a chuir dhan Ghàidhlig.

OUR SONG FOR GLASGOW

A special song celebrating the spirit of Glasgow has been reimagined in Scottish Gaelic ahead of the Royal National Mòd's return to the city.

Ar n-Òran do Ghlaschu brings together the voices of acclaimed singer Norrie 'Tago' MacIver and Còisir Sgoiltean Gàidhlig Ghlaschu (the Glasgow Gaelic School Choirs), which comprises young singers from all four of Glasgow's Gaelic primary schools.

The original English version written by Jamie Campbell of Glasgow band Dignity Row was selected by Glasgow Life through a competition with Go Radio as a song that captures the vibrancy of the city and has been used to represent the charity across its marketing campaigns ever since.

Ahead of Glasgow's hosting of the Mòd, Jamie has worked closely with musician, composer and broadcaster Mary Ann Kennedy to translate the tribute to Glasgow into Gaelic.

[Ar n-Òran do Ghlaschu \(Our Song for Glasgow\) is available to download and stream here.](#)





FARPAISEAN DANNSA GÀIDHEALACH

Tha iarrtasan farpaisean Dannsa Gàidhealaich fo stiùir Tayside Highland Dance Association: www.toeandheel.com

HIGHLAND DANCING COMPETITIONS

Highland Dancing entries are administered by Tayside Highland Dance Association: www.toeandheel.com

FARPAISEAN PÌOBA INBHEACH

Tha iarrtasan farpaisean Pìoba Inbheach fo stiùir An CPA: www.competingpipers.com

SENIOR PIPING COMPETITIONS

Senior Piping entries are administered by The CPA: www.competingpipers.com

CUIMHNEACHAIN A' MHÒID

Tha sinn a' coimhead airson dealbhan agus cuimhneachain bho Mòdan a dh'fhalbh — gu h-àraidh Mòdan ann an sgìre Ghlaschu bho chionn bhliadhnaichean!

A bheil seann dhealbhan, prògraman, pàipearan-naidheachd no cuimhneachain sònraichte agaibh aig an taigh? Bu chaomh leinn am faicinn agus sinn a' comharrachadh Mòd Ghlaschu.

Feuch gun cuir sibh fiosrachadh sam bith gu marina@ancomunn.co.uk

SHARE YOUR MÒD MEMORIES

We're looking for photographs and memories from past Mòds — especially Glasgow-area Mòds from years gone by!

Do you have old photographs, programmes, newspaper clippings or special memories tucked away at home? We'd love to see them as we celebrate the Glasgow Mòd.

Please send any information to marina@ancomunn.co.uk



TAING DHAN LUCHD-MAOINEACHAIDH

Tha sinn air leth taingeil dha na buidhnean taic a bhios a' toirt taic gus Mòd Nàiseanta Rìoghail a thoirt gu buil gach bliadhna.

Tha an taic seo gar cuideachadh gus Gàidhlig, ceòl agus cultar a chomharrachadh agus cothroman a chruthachadh do choimhearsnachdan agus do dhaoine òg air feadh Alba.

A BHEIL SIBH AIRSON TAIC A THOIRT DHAN MHÒD?

Am biodh a' ghnìomhachas no a' bhuidheann agaibh airson taic a chur ri aon de prìomh thachartasan cultarail ann an Alba?

Tha sinn an còmhnaidh toilichte cluinntinn bho bhuidhnean aig a bheil ùidh ann an cothroman maoineachaidh, com-pàirteachasan no taic a chur ri farpaisean is tachartasan sònraichte.

Nam biodh ùidh agaibh, nach cuiribh fios thugainn.

THANK YOU TO OUR SPONSORS

We are incredibly grateful to all of our sponsors and supporters whose generosity helps make the Royal National Mòd possible each year.

Their support helps us celebrate Gaelic language, music and culture while creating opportunities for communities and young people across Scotland.

INTERESTED IN SPONSORING THE MÒD?

Would your business or organisation like to support one of Scotland's leading cultural events?

We are always keen to hear from organisations interested in sponsorship opportunities, partnerships or supporting specific competitions and events.

To find out more, please contact us directly.





CUIR FIOS THUGAINN MU TACHARTASAN

Ma tha tachartasan sam bith gu bhith aig a' chòisir agaibh no ma tha sibh a' cruinneachadh airgead airson a' Mhòid, nach cuir sibh fios thugainn agus sgaoilidh sinn e anns a' chuairt-litir.

Cuir fiosrachadh sam bith gu:
marina@ancomunn.co.uk

TELL US ABOUT AN UPCOMING EVENT

If your choir is having an event, if your school is fundraising to attend the Mòd or if you have any other events coming up, get in touch with us and we can share it in our newsletter.

marina@ancomunn.co.uk

LE TAIC BHO WITH SUPPORT FROM





CINN-LATHA MÒDAN RI THIGHINN

9 - 17 Dàmhair 2026 Glaschu
8 - 16 Dàmhair 2027 Eileanan Siar
6 - 14 Dàmhair 2028 An t-Òban

FUTURE MOD DATES

9 - 17 October 2026 Glasgow
8 - 16 October 2027 Western Isles
6 - 14 October 2028 Oban

BÙTH A' CHOMUINN



Tha measgachadh de leabhraichean Gàidhlig, bàrdachd, rosg, deilbh-chluich agus CDs againn anns a' bhùth. Thoiribh sùil air an làrach-lìn againn agus chìthear cuid de na tha ri cheannach ann am Bùth a' Chomuinn.

We have a selection of Gaelic books, poetry, prose, plays, children's books, traditional and Scottish music CDs in our shop in Stornoway. Take a look at our website to view a selection of what is available in the An Comunn Gàidhealach Shop.

SUAS GU 10% DHETH | UP TO 10% OFF FOR MEMBERS!

BUY NOW



Copyright © An Comunn Gàidhealach 2026, All rights reserved.

Aonad 7A
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Want to change how you receive these emails?
You can update your preferences or unsubscribe from this list.
Contact: info@ancomunn.co.uk